

Fear Ghriminis agus Fear Bheinn-a-bhaoghla

B'E Dòmhnall Breac, mac diolain aig Iain Mac Uisdein, Fear Ghriminis, duine fadhaich ro-threun a dh'fhalbh gu tìr-mór.

Bha Fear Ghriminis trì fichead bliadhna agus a còig a dh'aois an uair a phòs e nighean Fear Bheinn-a-bhaoghla, agus gun i ach seachd bliadhna deug. Fhuair e mar tochradh leatha sia mairt dheug agus tarbh.

Cha robh e fada air a toirt dhachaigh an uair a thàinig àm buan na mòna, agus chaidh sgioba a mach a' Ghriminis agus Fear a' Bhaile air an ceann. Thubhairt e r'a bhean mun d'fhalbh e i a bhith cinnteach biadh nan gillean a chur a mach do'n mhonadh aig a leithid seo de uair, agus thubhairt i gun cuireadh.

Thàinig an uair a dh'ainmich e agus am feasgar agus cha deachaidh biadh nan gillean a mach. Thàinig e fhéin dhachaigh agus fearg mhór air, agus is ann a bha a' bhean òg air mullach Sidhean Mór Chalanais cuide ri cloinn bhig nan sgàlagan, a' slaodadh leathagan feamann agus i air a salach le lannan na feamann.

Chaidh e far an robh i agus thubhairt e, "Gu dé, a nighean a' bhodaich mheallaich sgallaich, a thug ort nach do chuir thu a mach biadh nam fear mar a dh'iarr mise ort?"

Leig i daoibh ràn aisde, dh'fhalbh i bhàrr na coilleig, agus thug i a h-aghaidh air a' mhonadh.

Chùm i roimhe agus cha do lasaich i gus an d'ràinig i taigh a h-athar am Beinn-a-bhaoghla.

Ghabh a h-athar fearg mhór an uair a chunnaic e coltas na h-ighinn aige, agus chuir e air falbh sia fir dheug agus fear air an ceann do Uibhist a' Chinn a Tuath a dh'iarraidh ceann Fear Ghriminis agus an tochradh.

Bha Fear Ghriminis 'na shuidhe aig an teine 'na thaigh féin, a cheann crom eadar a dhà ghualainn le mulad is mì-thoileachadh. Bha searbhanta aige agus thubhairt i ris, "Thir Ghriminis, chì mi duine a' tighinn an rathad seo, agus chan fhaca mi duine riamh o'n rugadh mi cho mór ris."

Dh'éirich Fear Ghriminis agus sheall e a mach.

"Cha robh an uair a bu chruaidhe a bhiodh ormsa riamh nach d'fhuasgail Dia orm," arsa esan. "'S e Dòmhnall Breac, mo mhac, a tha ann."

Thàinig e a steach agus rug an seann duine air a dhà làimh air agus theann e air caoineadh leis an toileachadh.

"Dé, athair, na daoine a tha mi a' faicinn timcheall an taighe a muigh an siud?" arsa esan.

Dh'innis a athair dha mar a phòs e nighean Fear Bheinn-a-bhaoghla agus mar a theich i dhachaigh. "Agus siud agad, a' Dhòmhnall," arsa esan, "feadhainn a tha bho Fear Bheinn-a-bhaoghla ag iarraidh ceann t'athar agus an tochradh a fhuair mi leatha."

"An tug sibh biadh dhaibh?" arsa Dòmhnall Breac.

"Cha tug. Bu bheag mo shannt air," arsa a athair.

"Deanar biadh dhaibh gu h-ealamh, ma tà, agus bruidhnidh mise riu a rithist," arsa Dòmhnall Breac.

Rinneadh siud agus ghabh iad am biadh agus iad glé fheumach air.

An uair a bha sin seachad thubhairt Dòmhnall Breac, "Dé an gnothach a bha agaibhse ri m'athair-sa?"

B' fheudar do'n fhear a bha air an ceann innse dé an gnothach air an tàinig iad. An uair a chuala Dòmhnall Breac dé a bha dùil aca a thachradh, thug e sgian-dubh a mach agus dh'fhuilich e air a làimh leatha agus thubhairt e, "Ma bheir sibh uiread siud de fhuil air m'athair-sa, chan fhàg mise ceann air mac màthar agaibhse. Cha ruig sibh a leas a ghreasadh," arsa esan, is e a' toirt am follais a' chlaidheimh mhóir. "Falbhaibh a nis dhachaigh agus innsibh sin do Fhear Bheinn-a-bhaoghla."

Rinn iad sin, agus an uair a ràinig iad gun cheann gun tochradh, cha robh fearg Fear Bheinn-a-bhaoghla riamh cho mór is a bha i.

An ceann là no dhà thubhairt Dòmhnall Breac r'a athair, "Faigh a nis an dà lach as fheàrr a tha agad, agus gun rachainn féin 's tu fhéin do'n Cheann a Deas a choimhead air t'athair-céile, Fear Bheinn-a-bhaoghla."

"Cha rachainn ann ged gheibhinn an Ceann a Deas dhomh féin," arsa esan.

"Théid thu ann gun teagamh, is na biodh eagal sam bith ort is mise cuide riut," arsa Dòmhnall Breac.

Dh'fhalbh a athair còmhla ris an aghaidh a thoile.

An uair a bha iad gus a bhith aig taigh Fear Bheinn-a-bhaoghla, chuir Dòmhnall Breac a làmh 'na sporan agus thug e a mach dà neapaige, fear geal agus fear dearg, agus thug e d'a athair iad.

Thubhairt e an sin, "An uair a ruigeas sinn, théid thusa gu t'athair-céile, agus bidh mise am falach làimh riut. Ma's e fearg a bhios air, bheir thu a mach an neapaige dearg agus suathaidh tu do shròn leis. Agus ma's e sìth a